

Tiotal: A' dol a-mach

Pàirt 2: A' coinneachadh agus a' suirghe air-loidhne

Ìre: ÀRD

Ceanglan CfE



A thaobh a' Churraicealam airson Sàr-mhathas tha an ire seo a' leudachadh agus a' cur ris na chaidh ionnsachadh aig a' Cheathramh Ìre.

Eòlasan agus builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' faighinn sgilean airson co-dhùnайдhean a dhèanamh mu dhàimhean agus dol-a-mach ghnèitheasach. 'S urrainn dhomh iad sin a chur gu feum ann an suidheachaidhean dùbhlachanach no doirbh. HWB 4-46c</p> <p>Tha mi a' beachdachadh air mar a bheir mo bheachdan, chreideasan, luachan is moraltachd buaidh air mo cho-dhùnайдhean mu chàirdeas, dhàimhean is dhol-a-mach ghnèitheasach.</p> <p>HWB 4-46a</p> <p>A' cleachdadadh na dh'ionnsaich mi, 's urrainn dhomh co-dhùnайдhean is roghainnean fiosraichte a dhèanamh a tha ag adhartachadh is a' dion mo shlàinte is mo shunnd ghnèitheasach fhìn agus dhaoine eile. HWB 4-47b</p> <p>Tha mi mothachail air gum feumar spèis a thoirt do shaorsa agus do chriochan pearsanta dhaoine agus 's urrainn dhomh aithneachadh agus freagairt nan rudan a tha daoine a' cur an cèill tro chainnt agus ann an dòighean eile seach cainnt.</p> <p>HWB 4-45b</p>	<ul style="list-style-type: none">A' sealtainn nan sgilean a dh'fheumar airson suidheachaidhean dùbhlachanach ann an dàimhean a làimhseachadh, a' gabhail a-steach dhàimhean feseil, mar eisimpleir, co-rèiteachadh, co-fhaireachdainn, ruighinn cho-dhùnайдheanA' tuigsinn nan càraichean agus nan dleastanasan a tha nam pàirt de fheise shàbhailte agus thlachdmhor.A' dèanamh sgaradh eadar cumhachd agus mì-fheum cumhachd ann an dàimhean, mar eisimpleir, spèis, earbsa, fòirneadh, aonta.

Amasan Ionnsachaidh

- Gun aithnich daoin' òga gu bheil iad a' fàs nas neo-eisimeileach agus gu bheil aca ri bhith a' làimhseachadh shuidheachaidhean sòisealta eadar-dhealaichte agus doirbhe – aghaidh ri aghaidh agus air-loidhne.
- Gun smaoinich daoin' òga mun t-sàbhailteachd pearsanta aca fhèin agus aig an caraidean.
- Gum meòraich daoin' òga air an giùlan ri daoine eile.

Slatan-tomhais

- 'S urrainn dhomh bruidhinn air mo shàbhailteachd agus mo shunnd ann an suidheachaidhean sòisealta – aghaidh ri aghaidh agus air-loidhne.

- 'S urrainn dhomh planadh a dhèanamh agus ceumannan a ghabhail ann an suidheachaidhean sòisealta airson a bhith cinnteach à sàbhailteachd agus sunnd dhomh fhìn agus do dhaoine eile.
- Tha mi a' leasachadh tuigse, sgilean agus comas gus mi-fhìn a chur air adhart agus gus na tha agus nach eil mi ag iarraidh a chur an cèill.
- Tha fios agam gum faod an dol-a-mach agam, briathrail agus neo-briathrail, buaidh a thoirt air daoin' eile.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- How are dating apps changing relationships? CBS News (11 mion. 7) <https://youtu.be/Sj78ZO-mBkU>
- Thinkuknow Digital dating https://www.thinkuknow.co.uk/14_plus/Need-advice/Online-dating/
- Thinkuknow: Worried about a friend: https://www.thinkuknow.co.uk/14_plus/Worried-about-a-friend/Online-friends/

Obair

1. Tòisich le ruith thairis sgiobalta air an t-seisean mu dheireadh – a' cur an cuimhne nan daoin' òga gun robh an seisean mu bhith a' dol a-mach agus gad chumail fhèin agus daoine eile sàbhailte. Thoir a-steach an seisean seo a tha mu dheidhinn taobh eile de bhith a' coinneachadh ri daoine agus a' suirghe - an turas seo air-loidhne. Inns gum bi an seisean a' coimhead a-rithist air mar a bhios sinn a' coimhead às ar dèidh fhèin, ach cuideachd a-rithist mu mar a bhios sinn a' coimhead às dèidh charaidean. Mìnich gu bheil an seisean seo, mar a tha mòran den ionnsachadh RSHP againn, ag iarraidh air daoine spèis a thoirt do phrìobhaideachd agus diomhaireachd - mar sin gun a bhith a' sgaoileadh fiosrachadh prìobhaideach a bhuiteas do dhaoine eile. Cuideachd ann an còmhradh nach bi thu an dùil gun inns daoin' òga fiosrachadh prìobhaideach mu na bhios iad a' dèanamh air-loidhne.
2. Cleachd an slaighd airson na ceistean fhaighneachd, a' smaoineachadh air mar bhuidheann: **A bheil thu a' faireachdainn barrachd saoirse no nas misneachaile nuair a tha thu air-loidhne no a' tachairt aghaidh ri aghaidh?** Às dèidh beagan còmhraidh iarr air na daoin' òga cumail nan intinn mar a bhios iad a' faireachdainn nuair a tha iad a' còmhradh air-loidhne?
3. **A' sgrùdadadh do dhearbh-aithne air-loidhne.** Seall na slaighdean, aidich gur dòcha nach bi for aig daoine nas sine gum bi daoin' òga gan cur fhèin an cèill agus a' faighinn eòlas orra fhèin air-loidhne mar a bhios iad a' dèanamh ann an suidheachaidhean sòisealta eile. Seall an slaighd:

A' sgrùdadadh do dhearbh-aithne air-loidhne: Bidh diofar fhaireachdainean againn uile aig amannan. Faodaidh tu faireachdainn gu bheil e doirbh cuideigin a lorg a tha gad thuigsinn: daoine a tha titheach air na h-aon rudan, aig a bheil na h-aon eòlasan agus aig a bheil tuige cò air a tha thu a-mach.

An uair sin cuir ceist air a' chlas/a' bhuidheann: Dè cho fior 's a tha an earrann na do bheachd-sa?

An uair sin: *A bheil thu a' smaoineachadh gu bheil daoin' òga ann a tha a' coimhead gu sònraichte gu dàimhean air-loidhne airson coinneachadh ri daoin' eile agus gus eòlas fhaighinn orra fhèin?* ('S dòcha gun lorg daoin' òga daoine eile aig a bheil ùidh shònraichte no le feartan coltach riuthasan, mar eisimpleir a bhith leisbach, gèidh eile-sheòrsach no tar-ghnèitheach).

Seall na h-ath shlaighdean:

A' sgrùdadh do dhearbh-aithne air-loidhne

Tha Apps, làraich-lìn agus meadhanan sòisealta ga dhèanamh nas phasa do dhaoine ceanglaichean a thogail. Nuair a tha thu a' lorg cuideigin a tha gad thuigsinn agus aig a bheil tuigse cuideachd air na tha a' dol agad, tha e a' faireachdainn uabhasach math.

Do dhaoin' òga LGBT faodaidh e a bhith gu h-àraig feumail a bhith a' dol air-loidhne. Tha 96% de dhaoin' òga LGBT ag ràdh gun do chuidich an t-eadar-lion iad gus barrachd a thuigsinn mun taobhadh feiseil aca agus/no an dearbh-aithne gnèitheasach, agus thuirt 93% gun d' fhuair iad comhairle agus taic tron eadar-lion.

Faodaidh e bhith nas phasa do dhaoin' òga le otasam coinneachadh agus ceangal ri daoin' eile air-loidhne airson dàimhean a thogail. Tha e a' toirt cothrom dhaibh measgachadh ri daoin' eile agus iad fhèin a chur an cèill.

An uair sin brosnaich còmhradh, faighnich: **Dè na buannachdan a dh'fhaodadh a bhith ann do dhaoin' òga a thaobh a bhith a' rannsachadh agus a' coinneachadh ri daoin' òga a tha coltach riutha fhèin air-loidhne?** An uair sin faighnich: **Dè na cunnartan a th' ann?** (Tilidh an clas/a' bhuidheann thuige seo a-rithist, mar sin na gabh ach ciad bheachdan).

4. Cleachd an slàighd airson an ath cheist fhaighneachd. Cuimhnich gur dòcha gun smaoinich cuid de na daoin' òga air làraich mar Instagram no Facebook a th' aig a h-uile duine agus far am faod thu coinneachadh ri daoine, ach cuideachd apps 'suirghe' no 'dating' apps. **Dè na h-apps a bhios daoine a' cleachdadh gus coinneachadh ri daoine eile? Agus gu h-àraig ma tha iad airson 'suirghe'?** Cuideachd nuair a thathar a' smaoineachadh air meadhanan sòisealta mar seo, tha bacaidhean aoise aig feedhainn aca, ach chan eil iad seo na cùis laghail, tha a' mhòr-chuid de apps suirghe an dùil gum bi luchd-cleachdaidh 17 no 18, rud ris an canar dearbhadh aois. A' smaoineachadh mu na làraich/apps a chaidh ainmeachadh faighnich; *Am bi daoin' òga a' toirt feart air riaghailtean aois/dearbhadh? A bheil iad ag obair?*
5. **Dàimhean air-loidhne agus suirghe:** seall an slàighd: Tha seachd millean neach san RA clàraichte air làraich suirghe, agus bidh aon dàimh às gach 3 san RA an dràsta a' tòisrachadh air-loidhne (tùs: Sky News). **Carson a bhios uidhir a dhaoine a' tachairt agus a' faighinn còmhla air-loidhne?**
6. Coimhead am film: **How are dating apps changing relationships?** CBS News (11 min. 7) <https://youtu.be/Sj78ZO-mBkU> San agallamh naidheachdan bho na Stàitean

tha neach-comhairle heise agus dhàimhean Alyssa Siegel a' bruidhinn air mar a tha apps suirghe air atharrachadh a thoirt air beachdan dhaoine air dàimhean.

Bruidhnibh air beachdan sam bith às dèidh dhuibh coimhead air an fhilm.

NÒTA: Mura h-eil sibh airson am film a choimhead faodaidh sibh ùine a bharrachd a chur mu seach airson a' ghnìomh a bharrachd a th' aig deireadh a' phlana seo *a tha a' dèanamh sgrùdadh air sàbhailteachd tomcheall air a bhith a' coinneachadh ri neach às dèidh a bhith a' còmhradh/suirghe air-loidhne.*

7. **Tha sibh air a bhith a' bruidhinn air-loidhne ...** Mìnich gu bheil an ath phios obrach mu bhith a' coimhead air mar a chumas sinn sinn fhìn sàbhailte, ge b' ann dìreach le bhith a' cabadaich no a' cur stad air cabadaich air-loidhne no a' smaoineachadh air suirghe an dèidh dhuinn coinneachadh air-loidhne.
Cleachd an slàighd leis an tiotal Sky News headline: *Dark side of online dating: Crimes rise dramatically in last five years. Agus seall am proimt airson còmhradh a bhrosnachadh - ann an dithisean no mar bhuidheann.*
8. **Tha sibh air a bhith a' bruidhinn air-loidhne ...** Saoilidh tu gu bheil iad laghach. Tha sibh air bruidhinn turas no dhà. An uair sin tha rudeigin ann nach eil buileach ceart...
Dè na rabhaidhean a th' ann nach eil cuideigin dha-rìribh no gum faod iad a bhith ri droch dhìol?

Dèanaibh còmhradh, faigh fios-air-ais, seall an ath shlaighd agus dèan coimeas eadar an slaighd agus na freagairtean.

- **Cha ghabh a chreidsinn cho math 's a tha iad.** Tha na h-aon ùidhean aca riutsa, tha iad a' toirt tòrr aire dhut, tha iad a' toirt ort faireachdainn sònraichte, tha gnothaichean a' gluasad air adhart gu luath...
- **Brosgal.** Bidh iad a' moladh dhealbhan air a' phròfaidhl agad, ag ràdh gu bheil thu seagsaidh, brèagha... Tha e duilich smaoineachadh gu soilleir bhon a tha iad gad mholadh.
- **Bruidhnidh sinn mu fheise.** Bidh iad a' feuchainn ri toirt ort bruidhinn mu dheidhinn feise...
- **A bheil dealbhan seagsaidh agad?** Tha iad a' faighneachd airson dhealbhan.
- **Am faod sinn a dhol a dh'àiteigin nas priobhaidiche?** Bidh iad ag iarraidh chòmhraidhean priobhaideach...
- **Na rudan beaga diomhair a tha eadarainn?** Chan eil iad airson gum bi fios aig daoine eile gu bheil sibh a' bruidhinn.
- **Triom ag atharrachadh.** Bidh iad gad bhriodal agus a' toirt aire dhut, an uair sin bidh iad ag iarraidh rudeigin, bidh thu leisg no a' diùltadh gus an toir iad an aire sin air falbh no fàsaidh iad suarach.
- **Tha an camara agam briste.** Chan eil iad airson gum faic thu iad.

9. **Dragh ort gu bheil do charaid air tachairt air neach nach eil dha-rìribh air-loidhne?** A' leantainn leis a' chuspair de bhith a' coimhead às ar dèidh fhèin ach cuideachd a' coimhead às dèidh dhaoin' èile, cuir na ceistean air an t-slaighd. Iarr air na daoin' òga

obrachadh ann an dithisean/buidhnean airson liosta de rudan a dh'fhaodadh a bhith nan rabhadh a chur ri chèile agus cuideachd freagairtean/fuasglaidhean no beachdan a chuidicheadh. Às dèidh beagan còmhraidih seall an slaighd air a bheil na molaidhean, dèanaibh coimeas agus còmhradh.

Dragh ort gu bheil do charaid air tachairt air neach nach eil da-rìreabh air-loidhne? Ciamar a bhiodh fios agad agus dè a dhèanadh tu gus cuideachadh?

Dragh ort gu bheil do charaid air tachairt air neach nach eil da-rìreabh air-loidhne?

Ciamar a bhiodh fios agad? Dè na rabhaidhean a bhiodh ann?

- A bheil iad a' cumail tòrr rudan diòmhair? Am bi iad a' leigeil le daoine eile am profaidhl aca fhaicinn no na teachdaireachdan aca?
- A bheil iad fad às?
- An tug iad iomradh air cuideigin ùr? No cuideigin nas sine?
- A bheil iad brònach no fad às gun innse carson?
- An urrainn dhaibh idir ceum a ghabhail air falbh bhon fhòn aca no bho na meadhanan sòisealta?
- A bheil iad a' smaoineachadh air coinneachadh ri cuideigin ris nach do thachair iad ach air-loidhne?

Ciamar a chuidicheas tu?

- Èist riutha, na toir breith orra, bi ann dhaibh.
- Cuidich iad a' tuigsinn nan cunnartan a tha an lùib a bhith a' bruidhinn ri daoine air-loidhne – gu h-àraig ri neach nas sine
- Seall dhaibh far am faigh iad cuideachadh agus inns dhaibh nach bi iad ann an trioblaid
- Bu chòir dhut innse do dh'ìnbeach earbsach no fios a chur gu seirbheis taic airson comhairle – na cùm cùisean diòmhair ma tha caraid ann an cunnart.

https://www.thinkuknow.co.uk/14_plus/Worried-about-a-friend/Online-friends/

10. Mar sin dè na cunnartan a tha am measg suirghe dhidseatach? Seall an dà shlaighd mu dheireadh agus dèan cinnteach à tuigse.

- **Mar sin dè na cunnartan a tha an lùib suirghe dhidseatach?**

Bidh cuid de dhaoine – fireannaich agus boireannaich – a' cleachdad an eadar-lìn gus feise a shireadh agus gus amas air daoin' òga. Bidh iad a' cleachdad làraich agus apps far am bi fios aca gum bi daoin' òga a' coimhead airson gaol, a' sùgradh no a' sìreadh taic.

- Tha cuid de dh'ìnbhich coma co còmhla ris a bhios iad ri feise ach a' smaoineachadh gu bheil daoin' òga nas phasa am mealladh, cuideam a chur orra no toirt orra a bhith ri feise.
- Air-loidhne faodaidh neach leigeil orra gu bheil iad eadar-dhealaichte bhon rud a tha fior – caraid, neach-comhairle, bràmair. Faodaidh tu leigeil ort gu bheil nad neach buileach eadar-dhealaichte. Faodaidh e bhith doirbh an diofar aithneachadh eadar neach a tha fior agus cuideigin a tha cunnartach.

Agus cuimhnich...

- Smaoinich mu do choltas agus mu do ghiùlan air-loidhne. Bidh daoine nach eil dha-rìribh agus daoine a bhios ri droch dhìol ag amas air daoin' òga le dealbhan/ainmean seagsaidh ain na meadhanan sòisealta.
- Cùm gnothaichean diomhair diomhair – na bi ag innse fiosrachadh pearsanta mar àireamhan fòn, ainm sgoile no seòladh.
- Ma tha daoine ag ràdh gur e caraid de charaid a th' annta – faigh a-mach a bheil sin fior an do thachair iad riamh?
- Na sgaoil dealbhan feiseil/nudes agus na dèan sìon air teachdaireachdan bhidio còmhla ri strainnsear – 's dòcha gun sgaoil iad e no gum maoidh iad a sgaoleadh.
- Tha ChildLine an-còmhnaidh ann airson bruidhinn riutha
- Thinkuknow Digital dating https://www.thinkuknow.co.uk/14_plus/Need-advice/Online-dating/

Obair a bharrachd/còmhradh: Mura coimhead sibh air an fhilm de 11 mionaidean a dh'fhaid 's dòcha gum bi sibh airson sgrùdadadh a dhèanamh air a' cheist agus a' chùis seo mu bhith gad chumail fhèin sàbhailte a tha ag iarraidh air daoin' òga a' smaoineachadh mu bhith a' coinneachadh ri neach a choinnich iad ris air-loidhne?

Ceist: Ma chuireas sibh romhaibh coinneachadh, dè na riaghailtean a bu chòir dhuibh a leantainn?

Ma chuireas sibh romhaibh coinneachadh An toiseach, cuimhnich, gum faod cunnart an-còmhnaidh a bhith an lùib coinneachadh ri cuideigin aghaidh ri aghaidh. Tha riaghailtean ciallach ann ma bhios sibh a' dèanamh seo.

- Coinnichibh agus fuirichibh ann an àite poblach, trang.
- Bheir inbheach earbsach còmhla riut, chan e caraid. Mura h-eil an neach ris a bheil thu a' tachairt onarach, bidh thu fhèin agus do charaid ann an cunnart. (Ma dh'innseas tu gu bheil inbheach a' tighinn còmhla riut, cha bu chòir dha a bhith na thrioblaid, ma tha, na tèid ann idir).
- Dèan cinnteach gu bheil fios aig cuideigin cò ris a tha thu a' coinneachadh, càit a bheil sibh a' dol agus cuin a bhios tu air ais.
- Ma thu a' faireachdainn gu bheil rudeigin ceàrr, tha teansa gu bheil. Mura h-eil an neach coltach ris an neach a bha dùil agad ris, fàg cho luath 's a ghabhas.
- Na falbh ann an càr còmhla ri cuideigin ris am bi thu a' tachairt.
- Fuirich sòbarra.
- Bheir leat am fòn agad, dèan cinnteach gu bheil i air agus gu bheil airgead innte.
- Dh'fhaoite gun tèid na rudan pearsanta agad a ghoid, na fàg às do dhèidh iad.
- Ma tha iomagain ort mu do shàbhailteachd no ma tha thu a' faireachdainn gu bheil thu ann an cunnart, fòn 999 cho luath 's a ghabhas.

Nòtaichean Tidseir

